

Diarmad agus Gràinne

Air a dheasachadh le Ruairidh MacIlleathain

Fad: 12.41

Bha Fionn mac Cumhail a' dol a phòsadh Gràinne. Gràinne nighean Charmaig. Bha cuirm-bhainnse mhòr ann agus mhair i seachd latha is seachd oidhcheannan. Am measg na fhuair cuireadh a dhol ann, bha Diarmad, mac piuthar Fhinn. Bha Diarmad na dhuine fìor ghasda agus eireachdail, agus na ghaisgeach mòr aig na Fianna.¹ Air a bhathais, bha ball-seirc.² Boireannach sam bith a chitheadh am ball-seirc, ghabhadh i trom-ghaol air Diarmad, agus cha robh cothrom air. Bhiodh Diarmad an-còmhnaidh, ma-thà, le bonaid air, agus i air a tarraing sìos gus nach fhaicte am ball-seirc.³

Nuair a bha a' chuirm seachad, fhuair na coin am biadh a bh' air fhàgail. Chaidh iad thar a chèile gu garbh, oir bha an t-acras mòr orra, agus chaidh gaisgich nam Fianna eatarra airson an cumail bho chèile. Bha Diarmad nam measg. Anns an ùpraid, thàinig a bhonaid dheth, agus chunnaic Gràinne – a' bhean ùr aig Fionn – am ball-seirc. Bha i a-nise ann an trom-ghaol le Diarmad. Dh'iarr i air Diarmad ruith air falbh leatha.

‘Cha dèan mi sin,’ arsa Diarmad.

‘Tha mi a' cur mar ghuidhe is mar gheas ort gun tèid thu leam,’ arsa Gràinne.

‘Cha tèid,’ thuirt Diarmad. ‘Cha ghabh mi a-staigh thu, 's cha ghabh mi a-muigh thu, cha ghabh mi air each no air chois thu, cha ghabh mi ann an solas an latha no dorchadas na h-oidhche thu.’ Agus dh'fhalbh e dhachaigh.

An ath mhadaoinn, aig glasadh an latha, chuala Diarmad cuideigin a' gnogadh air an doras mhòr aige. Chaidh e ann, agus cò bh' ann ach Gràinne.

‘Nach tuirt mi riut,’ arsa Diarmad, ‘nach gabhainn a-muigh no a-staigh thu, nach gabhainn air each no air chois thu, agus nach gabhainn ann an solas an latha no dorchadas na h-oidhche thu?’

‘Ach, ge-tà,’ arsa Gràinne, ‘seall orm, a Dhiarmaid.’ Thug Diarmad sùil oirre agus bha i air muin-goibhre letheach thairis air leac an dorais. ‘Cha eil mi a-staigh,’ ars ise, ‘no a-muigh. Chan eil solas an latha ann fhathast, ged nach eil i dorch tuilleadh, agus chan eil mi air each no air chois. Feumaidh tu falbh leam.’

‘O,’ arsa Diarmad, ‘chan eil àite dhan tèid sinn far nach bi fios aig Fionn, cho luath 's a chuireas e a chorrach fo a dheud-fios.’⁴ Agus marbhaidh e mise airson falbh leat.’

‘Thèid sinn gu Carraig, ma-thà,’ arsa Gràinne. ‘Tha uiread de Charraigeann ann 's nach bi fios aige cò an tè far am bi sinn.’ Mar sin, chaidh iad a Charraig an Daimh.

Ghabh Fionn fearg nuair a chuala e gun do dh'fhalbh a bhean, agus chaidh e a rùrachd air a son. Thug e na Fianna leis a Chinn-tìre⁵ agus cha do stad iad gus an do ràinig iad Carraig an Daimh a tha làimh ri Cill Charmaig.⁶

Bha Diarmad na shaor math, agus bhiodh e a' dèanamh shoithichean fiodha mar bhith-beò. 'S i Gràinne a bhiodh a' falbh a reic nan soithichean. Latha a bha seo, thàinig bodach mòr nan rathad. B' esan Ciofach mac a' Ghoill. Ghabh e fhèin is Gràinne gràdh air a chèile agus chuir iad romhpa Diarmad a mharbhadh.

Bha Diarmad ag obair air a chuid shoithichean nuair a thug am bodach làmh air. Duine làidir a bh' ann. Bha an dithis ri gleac airson greis. Mu dheireadh, fhuair Diarmad làmh-an-uachdair air. Airson Ciofach a shàbhaladh, shàth Gràinne sgian ann an sliasaid Dhiarmaid. Theich Diarmad, is an sgian fhathast na shliasaid. Chaidh e am falach, a' fuireach ann an uamhan, agus leig e le fhalt agus fheusag fàs mòr agus fada. Cha bhiodh duine a-nise ga aithneachadh.

Chaidh e rathad na Carraige, don àite far an robh Gràinne agus Ciofach. Bha iasg aige, agus dh'iarr e cead, ann an guth fuadain, a ròstadh anns an teine. Nise, rud sam bith air an cuireadh Diarmad a chorrigan, thigeadh blas na meala air. Thug Gràinne criomag às an iasg agus nuair a chuir i na beul i, mhothaich i gun robh blas na meala oirre. Dh'aithnich i Diarmad air a' bhlas.

Sa bhad, thug Ciofach ionnsaigh air Diarmad ach rinn Diarmad a' chùis air. Mharbh e Ciofach agus theich e.⁷ Nuair a chunnaic Gràinne gun robh Ciofach marbh, lean i Diarmad. Aig briseadh an latha, thàinig i gu cladach far an robh corra-ghritheach a' glaothaich. 'S ann shuas air aodann an t-slèibhe a bha Diarmad, agus dh'èigh Gràinne air:

*'S moch a ghoireas a' chorr
Air an tòrr os cionn Sliabh a' Ghaoil⁸
A Dhiarmaid O Duibhne, dhan tug mi gràdh,
Dè am fàth mun goir a' chorr?*

Agus fhreagair Diarmad:

*A Ghràinne, nighean Charmaig nan steud,
Nach tug riamh ceum air chòir,
'S e an t-adhbhar gun tug i 'n glaoth,
Gun do lean a cas ri leac reòit'.*

Thuirte Gràinne an uair sin, 'A Dhiarmaid, an itheadh tu aran is feòil?'

'Dh'ithinn, nam biodh e agam,' arsa Diarmad.

'A laoich,' ars ise, 'bheir mi dhut iad, ach càite a bheil sgian a ghearras iad?'

'Coimhead anns an truaill san do chuir thu fhèin mu dheireadh i,' thuirte Diarmad. Bha an sgian air a bhith ann an sliasaid Dhiarmaid on a shàth Gràinne e leatha, agus e fhèin is Ciofach a' spàirn ri chèile a' chiad turas. Tharraing Gràinne an sgian a-mach. B' e sin an nàire a bu mhotha a ghabh i riamh – gun robh i air Diarmad a shàthadh le sgian.

Bha an t-eagal air Diarmad gum faigheadh Fionn a-mach cà' robh iad. Lean e fhèin is Gràinne orra. Ràinig iad allt agus chaidh iad suas an t-allt gus an do

ràinig iad àite math airson fuireach. Bha Diarmad a' dèanamh shoithichean le fiodh an sin, agus bha na sliseagan a bha e a' dèanamh a' falbh leis an allt.⁹

Thàinig na Fianna a shealg anns an nàbachd. Bha iad an tòir air torc-nimhe a bha a' dèanamh sgrios agus a' marbhadh muinntir an àite. Thug Fionn an aire do shliseagan aig bun an uillt.

“S iad seo sliseagan Dhiarmaid,” thuirt e.

‘Chan urrainn a bhith,’ arsa càch. ‘Chan eil Diarmad beò tuilleadh.’

‘Gu dearbh, ’s e Diarmad a rinn iad, ’s aithne dhomh obair a làimhe,’ thuirt Fionn. ‘Glaodhaichidh sinn an fhoghaid.’¹⁰ Thug Diarmad mionnan gum freagradh e an fhoghaid nan cluinneadh e i.’

Chuala Diarmad an fhoghaid – dùdach-sheilge nam Fianna. ‘Siud foghaid nam Fianna,’ thuirt e ri Gràinne. ‘Feumaidh mi a freagairt. Thug mi mo bhòid is mo mhionnan gum freagrainn an fhoghaid nan cluinninn i.’

‘Na freagair i, a Dhiarmaid,’ arsa Gràinne. ‘Chan eil ann ach foghaid bhrèige. Marbhaidh iad thu!’ Ach bha fhathast gràdh is meas aig Diarmad air na Fianna, agus fhreagair e an fhoghaid. Chaidh e sìos an t-allt airson coinneachadh ri Fionn agus na Fianna.

Thuirt na Fianna gun robh iad an tòir air torc-nimhe mòr a bha a' dèanamh sgrios. ‘S ann air Beinn Ghulbain¹¹ a bha e a' còmhnaidh agus bhiodh e a' dol am falach ann an glac ris an canadh iad ‘Leabaidh an Tuirc’.¹² Dh'iarradh air Diarmad dearbhadh gun robh e airidh air Gràinne a bhith aige, le bhith a' marbhadh an tuirc le aon bhall-airm. Dh'fhalbh e le shleagh¹³ suas cliathaich na beinne, far an tug an torc ionnsaigh air. Bha Fionn a' feitheamh aig bonn na beinne, agus e deimhinne gun dèanadh an torc a' chùis air Diarmad, agus gum faigheadh e mar sin dìoghaltas air Diarmad airson 's mar a theich e le Gràinne.

Ach thàinig Diarmad am bàrr anns an spàirn. Ged a bhris e a shleagh, mharbh e an torc. Thill e far an robh Fionn agus dh'inns e an naidheachd dha. Dh'ìrich an dithis gu far an robh closach an tuirc. Nise, bha fios glè mhath aig Fionn gun robh aon laigse aig Diarmad. Nuair a bha e na leanabh, chaidh a bhaisteadh ann an uisge coisrigte. Ach 's ann a chùim am boireannach a bhaist e grèim air Diarmad air aon chois, agus cha do bhuin an t-uisge coisrigte ri bonn a chois an sin. Bioran sam bith a stobadh ann an cois Dhiarmaid an sin, bhiodh e ag adhbharachadh a bhàis.¹⁴

Cha robh cion seòltachd air Fionn agus dh'iarr e air Diarmad a bhrògan a thoirt dheth, agus fad an tuirc – bho a shoc gu a shàil – a thomhas le a chasan rùisgte.¹⁵ Thomhais Diarmad an torc le bhith a' coiseachd làimh ri a dhruim. ‘Sia troighean deug de thomhas,’ thuirt e.

‘Chan urrainn a bhith cho fada ri sin,’ fhreagair Fionn. ‘Coisich an rathad eile, agus dèan tomhas air a-nise bho a shàil gu a shoc.’

Rinn Diarmad sin. Ach, an uair sin, bha na cuilg¹⁶ air druim an tuirc a' dol an aghaidh a chasan. Stob fear de na cuilg anns a' phìos lag air bonn cas Dhiarmaid, agus thuit an gaisgeach dhan fhraoch.

‘Tha mi a’ bàsachadh,’ thuirt e. ‘Ach, Fhinn mhic Cumhail, dh’fhaodadh sibhse mo shàbhaladh.’

‘Ciamar?’

‘Le bhith a’ toirt deoch uisge dhomh à ur basan¹⁷ fhèin.’

‘Càite am faigh mi uisge an seo?’

‘Às an tobar naomh,’ thuirt Diarmad.

Ghabh Fionn ris gum bu chòir dha beatha Dhiarmaid a shàbhaladh agus, ann an naoi sìnteagan, bha e ri taobh an tobair naoimh, far an do lìon e a bhasan le uisge. Ann an naoi sìnteagan bha e air ais ri taobh Dhiarmaid. An uair sin, smaoinich e mu Ghràinne agus mar a ghoid Diarmad i. Leig e an t-uisge às eadar a chorràgan.

‘A bheil sibh airson leigeil le mac ur peathar, Diarmad gràdhaichte, bàsachadh?’ thuirt Diarmad, a bha a-nise a’ fàs lag, agus am bàs a’ sìor thighinn air.

Thill Fionn don tobar agus a-rithist lìon e basan a làmhnan le uisge. Ann an naoi sìnteagan bha e ri taobh Dhiarmaid ach, a-rithist, smaoinich e air mar a dh’fhuiling e aig làmhnan Dhiarmaid, agus dhòirt e an t-uisge air falbh. Thachair seo treas turas, oir bha an suidheachadh ag obair air cogais Fhinn, ach an turas seo, nuair a thill e gu Diarmad, bha am fear òg air bàsachadh.

Chaidh na Fianna suas Beinn Ghulbain agus thug iad corp Dhiarmaid gu tom far an do chladhaich iad uaigh dha.¹⁸ Chaidh iad an uair sin a lorg Gràinne suas an t-allt, agus fhuair iad a-mach nach robh i fhèin is Diarmad idir air laighe còmhla mar fhear is bean, oir bha claidheamh Dhiarmaid daonnan air a chàradh eatarra san leabaidh. Thuig Fionn agus na Fianna gun robh Diarmad gun chiont agus gun d’ fhuair e bàs gun adhbhar, agus ghabh a h-uile duine aca aithreachas mòr airson na thachair.¹⁹

Ainm na sgeulachd ann am Beurla: Diarmad & Gràinne

Notaichean

Is e seo tè de na mòr-sgeulachdan as ainmeile aig na Gàidheil, agus i ceangailte ri iomadach àite air Gàidhealtachd na h-Alba, eadar na Tròisichean agus Dùthaich MhicAoidh (agus ri àiteachan ann an Èirinn a bharrachd). Tha an dreach seo na chothlamadh de dh’eileamaidean a bhuineas do na cunntasan aig grunn sgeulaichean, agus tha e na gheàrr-chunntas air an stòiridh shlàn. Tha e gu ìre stèidhichte air a’ chunntas a chaidh a chruinneachadh bho Alasdair MacAlasdair ann an Ìle ann an 1859 agus a nochdas ann am *Popular Tales of the West Highlands* Vol III p 49-60, ach le eileamaidean cuideachd a nochdas anns an sgeulachd ann an Leabhar Deathain Lios Mòr, anns a bheil i a’ tighinn gu ceann ann an Gleann Sìth, agus aig sgeulaichean beò agus nach maireann.

1. Anns an t-sreath seo, tha an deasaiche a’ gabhail ‘Na Fianna’ (iolra) air na gaisgich, seach ‘Na Fianntaichean’ (iolra) no ‘An Fhèinn’ (singilte).
2. *Love spot*.

3. *So the love spot could not be seen.*
4. *Tooth of knowledge.*
5. *Kintyre.*
6. Tha Cill Charmaig no Cille mo Charmaig ann an Cnapadal ('s e Keillmore / Keills a th' air na mapaichean). Tha 'Carraig an Daimh' faisg oirre ach chan eil innte ach sgeir bheag sa mhuir! Tha àite eile air a bheil Carraig an Daimh ann an Eilean Ì.
7. Anns a' chunntas aig Alasdair MacAlasdair (Ìle), tha e ag ràdh 'gu Loch a' Chaisteil'.
8. Tha sliabh air a bheil 'Sliabh Gaoil' làimh ris an Stob Odhar ann an Cnapadal (tuath air an Tairbeart).
9. Lorg an deasaiche dà àite ann an Alba air a bheil 'Allt nan Sliseag'. Tha iad le chèile ann an sgìrean far an robh 'Diarmad is Gràinne' neo sgeulachdan eile mu na Fianna stèidhichte – fear dhiubh faisg air Calasraid, agus fear eile ann an Gleann Dochar, Siorrachd Pheairt.
10. An dùdach-sheilge aig na Fianna. Tha cuid dhen bheachd gur e gairm nan daoine a bh' ann, seach dùdach.
11. Tha beanntan air a bheil 'Ghulbain' (*snout or beak*) ann an Gleann Sìth, Srath Spè, Ros an Ear, Loch Abar agus Na Tròisichean. Tha iad uile co-cheangailte ris an sgeulachd seo.
12. Ri fhaicinn air Beinn Ghulbain Ghleann Sìth air a' chiad mhapa OS sia-òirlich.
13. Tha cuid de sgeulaichean ag ràdh gun tug e claidheamh leis, seach sleagh.
14. Tha cuid de sgeulaichean ag ràdh gum b' e an laigse aig Diarmad ball-dòbhrain a bh' aige air bonn a chois.
15. *From its snout to its tail (heel).*
16. *Bristles.*
17. Ann an Gleann Sìth, thathar ag ràdh gun robh aige ri uisge fhaighinn ann an cuach òir, seach basan a làmhan. An dèidh làimhe, thilg Fionn a' chuach do Loch an Tuirc (nach eil ann a-nise). Tha loch air a bheil Loch an Tuirc, ge-tà, ann an dà àite a tha gu cinnteach co-cheangailte ris an sgeulachd – faisg air Gairbh (Siorrachd Rois) agus deas air Beinn Laghail ann an Dùthaich MhicAoidh.
18. Tha grunn àiteachan aithnichte mar Uaigh Dhiarmaid – leithid an Tuam ann an Gleann Sìth, Uaigh Dhiarmaid aig ceann Loch Dùbhtaich, Clach Dhiarmaid ann an Gleann Lonain (Earra-Ghàidheal) agus Uaigh Dhiarmaid aig bonn Beinn Laghail (Dùthaich MhicAoidh).
19. Tha cuid de sgeulaichean ag ràdh gun do mharbh na Fianna Gràinne an sin.

Tùsan eile:

tobarandualchais.co.uk/gd/fullrecord/109353 (Peggy MacDonald, South Uist)
 tobarandualchais.co.uk/gd/fullrecord/4252/7 (Dòmhnall Moireasdan, Muile)